



Gu: Pàrantan Sgoilearan a'
Frithealadh Bun-Sgoil Ghàidhlig
Loch Abar (a' gabhail a-steach
pàrantan na sgoil-àraich)

Stiùiriche Seirbheis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh: Bill
Alexander

Cuir fios gu: Norma Young

Loidhne Dhìreach: (01478) 613697

Post-d: norma.young@highland.gcsx.gov.uk

Ar n-Àireamh-iùil:

Ceann-latha: 29 Faoilleach 2018

A Phàrant Chòir

MOLADH GUS SGÌRE-SGOILE AIRSON FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG A STÈIDHEACHADH AIRSON BUN-SGOIL GHÀIDHLIG LOCH ABAR

Tha mi a' sgrìobhadh gus innse dhuibh gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd air pàipear co-chomhairleach a chur a-mach a thaobh a' mholaidh gu h-àrd. Tòisichidh a' cho-chomhairle air 29 Faoilleach 2018 agus crìochnaichidh i air 16 Màrt 2018.

Tha am pàipear molaidh agus na leas-phàipearan rim faotainn air-loidhne aig:

<http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Gheibhear lethbhreacan rin sgrùdadh cuideachd aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar, Leabharlann Poblach a' Ghearasdain, agus Leabharlann Poblach a' Chaoil. Faodaidh sibh cuideachd iarraidh gun tèid lethbhreac a chur thugaibh sa phost. Ma tha sibh airson 's gun tèid pàipear a chur thugaibh sa phost, cuiribh fios gu Seirbheis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre, Ostail Camaghael, An Gearasdan, PH33 7NE, fòn: 01397 707530.

Tha cuireadh agaibh seaghan seo a dheasbaireachd aig coinneamh phoblach le oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha uair, ceann-latha agus àite na coinneimh air an toirt seachad gu h-ìosal.

BUN-SGOIL GHÀIDHLIG LOCH ABAR – DIMÀIRT 27 GEARRAN 2018 aig 6.30F

Thèid nòta den choinneimh a ghabhail, agus thèid a' choinneamh a chlàradh gus cuimhne an neach-nòta a chuideachadh.

Tha cuireadh agaibh cuideachd gus beachdan sgrìobhte sam bith a tha sibh airson a thoirt seachad mun phàipear cho-chomhairle a chur gu Mgr Ian Jackson, Oifis Cùraim & Ionnsachaidh na Sgìre, Ostail Camaghael, An Gearasdan, PH33 7NE, post-d Education.Consultations@highland.gov.uk

No, faodaidh sibh beachdan sam bith a chur a-steach tro fhoirm air-loidhne a gheibhear bho dhuilleag na làraich-lìn: <http://www.highland.gov.uk/schoolconsultations>

Feumaidh beachdan air fad a bhith againn **gun a bhith nas anmoiche na Dihaoine 16 Màrt 2018.**

Thèid ur beachdan, agus gin sam bith eile a gheibhear, a thoirt seachad rè ùine do Chomataidh an t-Sluaigh aig Comhairle na Gàidhealtachd airson beachdachadh orra. Bu chòir dhaibhsan a tha a' cur freagairt a-steach, an dàrna cuid ann an litir no gu eileagtronaigeach, a bhith mothachail gum faod am poball na freagairtean aca a sgrùdadh agus gun tèid am foillseachadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd le ainmean-sgrìobhte, àireamhan-fòn agus seòlaidhean post-d air an toirt às. Mura h-eil sibh airson 's gum bi ur freagairt ri faotainn dhan phoball, bu chòir dhuibh sgrìobhadh gu soilleir air an sgrìobhainn: "Tha mi airson 's gun tèid beachdachadh air mo fhreagairt gu dìomhair le cothrom air a chuingealachadh do Chomhairlichean agus Oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd". Mura dèan sibh seo, thathar a' gabhail ris gu bheil an neach a tha a' cur na freagairt ag aontachadh gum faod i bhith ri faotainn dhan phoball. Feumaidh freagairtean sgrìobhte uile a bhith againn gun a bhith nas anmoiche na an latha mu dheireadh den ùine cho-chomhairle, Dihaoine, 16 Màrt 2018.

Mar phàirt den cho-chomhairle, tha sinn an dùil beachdan a shireadh gu dìreach bho na sgoilearan. Mar sin, tha mi air cur air dòigh gum bruidhinn luchd-obrach aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar ri sgoilearan mun mholadh agus gun innis iad mum beachdan. Bidh seo mar phàirt den chomhairle a thèid a chur gu Comataidh an t-Sluaigh aig a' cheann thall. Cha tèid ainm sgoilearan fa leth a chur mu choinneamh bheachdan.

Mu dheireadh, tha mi airson ur n-aire a tharraing gu comhairle do phàrantan a tha air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, mu atharrachaidhean do sgoiltean. Gheibhear seo aig:

<http://www.gov.scot/Topics/Education/Schools/Buildings/changestoschoolestate/SchoolsConsultationScotlandAct2010Leaflet>

Le deagh dhùrachd



Ian Jackson
Oifigear Foghlaim (Goireasan)

Mrs Norma A Young,
Manaidsear Cùraim & Ionnsachaidh Sgìreil (Siar) Area Care & Learning Manager (West)
Care and Learning Service, The Fingal Centre, Viewfield Road, Portree, Isle of Skye IV51 9ES. Tel: 01478 613697/
Camaghael Hostel, Camaghael, Fort William. PH33 7NE Tel: 01397 707350